

TIOTAL-OBACH	Stiùiriche Foghlaim Thidsearan
ROINN	Roinn an Fhoghlaim
AN URRA RI	Dr. Marsaili NicLeòid, Iar-phrionnsapal
UALLACH AIRSON	Faic prìomh uallaichean fodha
SGÈILE TUARASTAIL	Sgèile Àrd-òraidichean
PRÌOMH ÀITE-OBACH	Sabhal Mòr Ostaig

Lèirsinn Foghlam Thidsearan aig Sabhal Mòr Ostaig

Thòisich an ceum *BA (le Urram) Gàidhlig is Foghlam* aig a' Cholaiste ann an 2017, cùrsa do thidsearan àrd-sgoile is bun-sgoile. Bhon uairsin tha a' Cholaiste air dà chùrsa cùram-chloinne a leasachadh – HNC Cùram-chloinne agus Preantasachd Bhunaiteach Clann is Òigridh. Tha sinn an-dràsta, an co-bhonn ri Oilthigh Obar Dheathain, a' libhrigeadh cùrsa for-cheum *Streap*. Tha sinn a' sireadh cuideigin a bhios a' neartachadh agus a' leudachadh nan slighean is nan cothroman-ionnsachaidh a tha rim faighinn do thidsearan, gu nàiseanta agus aig gach ìre. Tha an dreuchd seo làn-ùine.

PRÌOMH UALLAICHEAN AGUS DHLEASTANASAN

Teagasg

- A' cuir gu mòr ri teagasg oileanaich air a' cheum *BA (le Urram) Gàidhlig is Foghlam (Àrd-sgoil)*.
- A bhith a' stiùireadh mhodalan ainmichte agus a bhith ag ullachadh agus a' libhrigeadh òraidean agus chlasaichean dha oileanaich àrd-ìre (HE). Bidh seo air aontachadh ann an còmhradh ri Stiùiriche an Fhoghlaim.
- A' leasachadh stuth teagaisg agus a chleachdadh airson oileanaich foghlam anns a' Ghàidhlig.
- A bhith a' deasachadh prògraman oideachaidh agus chlàran-ama airson an fho-cheum *BA (le Urram) Gàidhlig is Foghlam*. Bidh prògraman agus clàran-ama rin aontachadh ann an còmhradh ri Stiùiriche an Fhoghlaim.
- A bhith an sàs ann am pròiseas taghadh oileanaich agus ann a bhith a' cur air dòigh agallamhan a rèir modhan obrach ainmichte.
- A bhith a' deasachadh phlanaichean teagaisg, stuthan teagaisg agus mheasaidhean iomchaidh dhan *BA (le Urram) Gàidhlig is Foghlam*.
- A bhith a' cur air dòigh prògram de ghreisean-sgoile do dh'oileanaich a rèir modhan nàiseanta.
- A bhith a' cumail taic ri leasachadh proifeiseanta nan oileanach taobh-staigh co-theacsa foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus foghlam.

Stiùireadh

- A' stiùireadh sgioba teagasg foghlam thidsearan (a' gabhail a-steach sgioba-teagasg nan cùrsaichean Cùram-chloinne).

- A' stiùireadh a' chùrsa BA (Urram) Gàidhlig is Foghlam.

Rannsachadh is Sgoilearachd

- A bhith a' gabhail pàirt ann an iomairtean gus an àrainneachd rannsachaidh aig SMO a neartachadh.
- A bhith a' sgaoileadh an eòlais acadaimigich agaibh do cho-obraichean tro òraidean is eile, agus dhan choimhearsnachd taobh a-muigh na Colaiste, mar a bhios iomchaidh.
- A bhith a' leudachadh ur cuid sgoilearachd fhèin, a thaobh teagasg is foghlam dà-chànanas, tro leughadh acadaimigeach

Rianachd

- A bhith a' com-pàirteachadh ann an iomairtean margaidheachd agus trusaidh le taic bho sgioba margaidheachd SMO.
- A bhith ag eagrachadh agus a' com-pàirteachadh ann am prògram inntigidh nan oileanach.
- A bhith a' com-pàirteachadh ann am prògram comhairleachaidh oileanach SMO/OGE.
- A bhith a' com-pàirteachadh ann an siostaman measaidh, deagh-ghnè agus fèin-luachaidh SMO/OGE airson mhodalan agus chùrsaichean fa leth.
- A bhith a' cur ri poileasaidh cànan na Colaiste agus a bhith a' gabhail pàirt ann an iomairtean gus àrainneachd Ghàidhlig na Colaiste a neartachadh.
- A bhith a' gabhail pàirt ann an coinneamhan na roinne agus na Sgeama agus thachartasan iomchaidh co-cheangailte ri amasan agus dleastanasan na h-obrach.
- A bhith a' gabhail pàirt ann an trèanadh iomchaidh.
- A bhith a' leantainn riaghailtean slàinte is sàbhailteachd agus poileasaidhean eile na Colaiste mar a bhios iomchaidh.
- Obair iomchaidh sam bith eile a dhèanamh mar a bhios feum aig a' Cholaiste air bho àm gu àm.

FIOSRACHADH A BHARRACHD

- Feumar an neach san dreuchd seo a bhith stèidhichte aig Sabhal Mòr Ostaig
- Tha fiosrachadh anns na duilleagan a leanas mun cheum BA (le Urram) Gàidhlig agus Foghlam.

Seo tuairisgeul air an obair mar a tha e. Sa chumantas thèid beachdachadh air seo bho àm gu àm gus dèanamh cinnteach gu bheil e iomchaidh agus gus atharrachaidhean sam bith a dhèanamh. Thèid seo a dhèanamh leis an neach-obrach agus am manaidsear aige/aice agus mar sin thathas a' sùileachadh gun gabhar pàirt anns na còmhraidhean seo. Tha Sabhal Mòr Ostaig ag iarraidh gun gabh cùisean aontachadh leis gach neach ach far a bheil seo do-dhèante, tha còraichean aig Sabhal Mòr Ostaig air atharrachaidhean ciallach a dhèanamh a rèir tuarastal an neach-obrach às dèidh bruidhinn ris/rithe mun chùis.

Ceann-là: 22/10/18

1. Tìotal a' chùrsa

BA (le Urram) Gàidhlig agus Foghlam

2. Mineachadh

Is e prògram ùr trèanadh thidsearan tro mheadhan na Gàidhlig a tha anns a' chùrsa **BA (le Urram) Gàidhlig agus Foghlam** a tha air a thabhann taobh a-staigh Sgeama na Gàidhlig agus Cuspairean Co-cheangailte (SGCC) aig UHI. Bidh oileanaich a' dèanamh Bliadhna 1 agus 2 de SGCC agus, an dèidh sin, airson Bliadhna 3 agus 4, prògram oideachaidh de mhodalan foghlaim agus modalan SGCC. Tha am Prògram, a bhios air a thabhann bhon t-Sultain 2017, ri fhaotainn tro fhoghlam air astar no tro theagasg aghaidh ri aghaidh.

3. Feartan sònraichte

Tha am **BA (le Urram) Gàidhlig agus Foghlam** air a theagasg tro mheadhan na Gàidhlig agus tha cuideam air dian-theagasg agus modhan-teagaisg dà-chànanaidh ann an sgoiltean. Bheir am Prògram cothrom dhut barantas le urram agus teisteanas teagaisg fhaotainn taobh a-staigh ceithir bliadhna, agus tha e na shlighe dìreach a-steach gu trèanadh thidsearan ann an raon far a bheil gainnead luchd-obrach. Tha cothrom ann an dà chuid Gàidhlig agus foghlam a sgrùdadh ann an suidheachadh bogaidh agus tha an cùrsa air a dhealbh airson teagasg Àrd-sgoile (Gàidhlig) no teagasg Bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig, le 18 seachdainean de ghreis sgoile thar bhliadhnaichean 3 agus 4.

4. Feumalachdan inntigidh

Airson faighinn a-steach gu Bliadhna 1 agus 2 de SGCC, gu h-àbhaisteach feumaidh tu 3 Àrd Ìre aig C no nas fheàrr, le Gàidhlig airson fhileantach no luchd-ionnsachaidh nam measg.

Airson gluasad gu Bliadhna 3 agus 4 den chùrsa **BA (le Urram) Gàidhlig agus Foghlam**, airson gach cuid Àrd-sgoil agus Bun-sgoil, tha feum air:

- Àrd Ìre Beurla aig B no nas fheàrr, no teisteanas co-ionann, agus Matamataig aig Ìre Nàiseanta 5 no Sàr-Ìre Choitcheann (no teisteanas Cùrsa Nàiseanta Ìre Eadar-mheadhanach 2 aig C no nas fheàrr.
- Soirbheachadh ann an agallamh a rèir modhan obrach bunaiteach a thaobh inntigidh gu Dioplòma Ceumnachaidh Proifeiseanta ann am Foghlam agus feumar modhan-obrach Disclosure Scotland a choileanadh.

5. Susbaint

'S e bliadhna de bhunait cànan a tha ann am **Bliadhna 1** de SGCC agus, a rèir do chomasan cànan faodaidh tu An Cùrsa Comais no Gàidhlig agus Conaltradh a dhèanamh. Tha An Cùrsa Adhartais air a thabhann air astar, mar chùrsa co-ionann ris a' Chùrsa Chomais,

Ann am Bliadhna 2, bidh thu a' leantail mhodalan riatanach bhon Sgeama, leithid Gàidhlig agus cuspairean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig, le modal air foghlam Gàidhlig.

Bliadhna 3 - SCQF Ìre 9

- *Gàidhlig 3*
- *Clann agus an Ionnsachadh*
- *Sgilean Rannsachaidh*
- *Greisean sgoile (8 seachdainean)*

Bliadhna 4 - SCQF Ìre 10

- *Tràchdas Ceuma*
- *Modal roghainneil aig SCQF 9 no 10*
- *An Neach Dreuchdail Breithneachail is Feòrachail*
- *Greisean sgoile (10 seachdainean)*

6. Càite am faighear an Cùrsa

- Colaisde a' Chaisteil UHI
- Sabhal Mòr Ostaig UHI

7. Cothroman obrach

- Teagasg àrd-sgoile (Gàidhlig)
- Teagasg bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig
- Cothroman oideachaidh for-cheum